## Pàirt 1

a. Dè th’ air a ràdh mun t-saoghal spòrs air an deireadh-sheachdain seo? 1

b. Cò mu dheidhinn a tha a’ chiad naidheachd spòrs? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Ball-coise nam boireannach. |
| | Ball-làimh. |
| | Ball-basgaid. |

c. Cò an dà dhùthaich a bha a’ cluich? 2

d. Cuin a bhios an ath gheama eadar an dà dhùthaich seo? 1

## Pàirt 2

**a.** Dè thachair aig a' cho-fharpais teanais ann am Paris? 1

| | |
|---|---|
| | Fhuair na cluicheadairean as fheàrr tron chiad chuairt. |
| | Chaidh cuid de na cluicheadairean as fheàrr a-mach. |
| | Cha deach geamannan nam boireannach a chrìochnachadh mar a bha còir. |

**b.** Dè dh'fhaodadh stad a chur air an teanas a-màireach? 1

**c.** Dè bhios a' gabhail àite ann an Glaschu an-diugh? 2

**d.** Cò bhios a' cluich? 1

| | |
|---|---|
| | An t-Eilean Sgitheanach agus Gleann Urchadan. |
| | An Gearasdan agus Srath Glas. |
| | Baile Ùr an t-Slèibh agus Caolas Bhòid. |

**e.** Carson a tha dùil ri geama faisg eadar an dà sgioba? 1

## Pàirt 3

a. Cia mheud neach a bhios a' coimhead air an Tour de France a-màireach? 1

b. Dè a' chomhairle a tha ga toirt do luchd-amhairc? 2

c. Dè an dòchas a tha aig luchd-stiùiridh leth-mharathon Loch Nis?
Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Gum bi deagh aimsir ann. |
| | Gum bi àireamh mòr de cho-fharpaisich ann. |
| | Gur e rèis luath a bhios ann. |

d. Dè an dòigh anns an toir an rèis buaidh air siubhal san sgìre? 2

## An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

**a.** Cò as motha aig am biodh ùidh anns a' phrògram seo?
Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Daoine aig a bheil ùidh ann an iomadh seòrsa spòrs. |
| | Daoine aig a bheil ùidh ann an spòrsan Albannach. |
| | Daoine aig a bheil ùidh ann an spòrs sònraichte. |

**b.** Carson a tha thu den bheachd seo? 1

**c.** Dè an naidheachd as motha anns an robh ùidh agad fhèin? Inns carson. 1

20